

'Se sud is dion 's is tearmunn domh,
 Dol 'n coinneamh bais is uaigh,
 'Se sud bheir dhachaidh sabhailt mi,
 Do'n aite a'm faic mi 'n t-Uan.

Ach O ! 'm faigh neach cho-ghraineil rium
 'S do nadur cho mi-naomh,
 A choidhch' a steach 'na lathair-san,
 Tha aillidh glan gun ghaoid.
 Ach glanaidh fuil an t-Slanuighir
 Mo ghrainealachd gu saor ;
 Is gheibh mi'n sin do'n aros ud,
 'Sa'm bheil muir-lan a Ghaoil.

Is mealladh mor, is gabhaidh e,
 Th'air aireamh 'measg an t-sluaigh,
 Le aideachadh gun ghlasan ac,
 Dol 'n coinneamh bais na'n suain ;
 Gun eagal orr' riomh shiorruidheachd
 A dh' iathas ump' gu luath—
 Bidh gul is giosgan fhiacal ac,
 A choidhch mar dhioladh duais.

Ach bheirinn comhairl amail orr',
 Mu'n d'theid mo cheann 'san uir,
 Gu'm pilleadh is gu'n tionnd'eadh iad,
 Gu teann gu Rìgh nan dul ;
 Is ghuidhinn air a phairt ud dhiu,
 Bha fad mo la dhomh dluth,
 Gu'n duineadh iad ri'n Slanuighear,
 Gun dail a chuir sa chuis.